

AINM:

CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Am Partaidh Purpaidh

le Dòmhnall Iain MacIomhair



Faclair

Lorg ciall nam facal air an taobh chli bhon liosta air an taobh dheas:

leasachadh	air leth math
riochdachadh	a' sgaoileadh naidheachd
gairm	rud a chur air dòigh
stèidheachadh	a bhith mar bhall de rudeigin as leth dhaoine eile
ionmholta	ceart
iomchaidh	a' dèanamh feum do rudeigin, ga thoirt air adhart

Ceistean

- 1a. Inns beagan mun dealbh a th' againn de Sheumas Gilleasbaig MacSonachan sa chiad earrainn.
- b. Tagh ceithir faclan/abairtean sònraichte gu h-ìosal a bhiodh freagarrach ann an tuairisgeul de Sheumas Gilleasbaig MacSonachan:

mòr às fhèin diùid bragail socair sàmhach
briathrach meallta breugach onarach seòlta

2. Dè do bheachd air a' mhanifesto a th' aige? Dè shaoil thu dhe na geallaidhean a tha e a' toirt seachad dhan mhòr-shluagh?
3. Saoil carson a thagh e Baile na Circe airson a phoileasaidhean fhoillseachadh?

4. Carson a tha ainmean an teaghlaich a' toirt gàire oirnn?
5. An robh adhbhar aig MacSonachan a bhith a' bruidhinn ann an rannan beaga, grinn?
6. Cò ris a tha sluagh a' bhaile coltach? Mìnich do fhreagairt le eisimpleirean bhon sgeulachd.
- 7a. Ciamar a tha poileasaidhean MhicShonachain a' còrdadh ri sluagh a' bhaile?
 - b. Cò an fheadhainn as fheàrr a tha a' còrdadh riut fhèin, agus carson?
8. An do shoirbhich le MacSonachan aig a' cheann thall? Carson? Carson nach cuireadh seo cus dragh air?
9. A bheil thu fhèin measail air poilitigs? Carson? Mìnich do fhreagairt.
10. Èibhinn 's gu bheil an sgeulachd, tha MacIomhair a' feuchainn ri rudeigin nas doimhne a ràdh mu staid phoilitigs na dùthcha. Dè tha e a' feuchainn ri ràdh? A bheil e soirbheachail ann a bhith ga dhèanamh?
11. Ged a tha an cuspair a tha air cùl na sgeòil caran trom, tha an sgeulachd fhèin aotrom agus tlachdmhor. Ciamar a rinn an t-ùghdar seo?

Thoiribh ur bhòt do
Sheumas G MacSonachan



Am Partaidh
PURPAIDH


Plaideachan Mìsga Rocaidean Piseagan Aidan Iasg Drochaid Hìort



Cuiribh crois aig m'ainm-sa 

Labhairt

- Tha thu fhèin a' dol a sheasamh airson na Pàrlamaid, a' riochdachadh na sgìre agad fhèin.
- Air beulaibh a' chlas, tha thu a' dol a thoirt seachad òraid a' mìneachadh do chuid phoileasaidhean don chlas agus ag innse dhaibh ciamar a nì na poileasaidhean a tha seo feum dhaibh. Feumaidh tu a bhith deiseil airson ceistean a fhreagairt bhon chlas agus bhon tidsear agus bidh bhòt ann aig an deireadh.
- Cò a bu chòir a bhith a' riochdachadh a' chlas aig a' cheann thall, agus carson?



Obair Leudachaidh

Gheibhear an dealbh-chluich Am Partaidh Purpaidh air làrach Stòrlann:
www.storlann.co.uk/goireasan/drama.html